



PROGRESSING FROM COLLEGE TO UNIVERSITY


Are you studying at college?

Have you ever considered university?

**Find out how to move from college to university
with the University of the Highlands and Islands.**

LIFELONG LEARNING AND PROGRESSION AT UHI

It is easy to build on your existing success with the University of the Highlands and Islands (UHI). Our courses are linked to allow you to seamlessly build your qualifications as you progress:



Progressing from college to university: build on your success

Many UHI students start out by taking up a short course at one of our colleges. You may not have been 'academic' at school and you may not have any other qualifications, but that does not mean that higher education (HE) university study is not for you. There are many flexible routes for entry, and study support is available to provide you with the skills and resources you need.

Whatever level or course you are currently on, there will be a progression route to UHI's exciting range of courses. And if you are taking an HNC or HND, you are already a UHI student studying at higher education level. Degrees are the natural progression route after an HN so why not continue to the next level?

Is higher education for me?

Many people wrongly assume that university is not for them. If you are currently studying at a UHI partner college, you are better prepared for HE study than you imagine.

Many college courses are graded at level six on the Scottish Credit and Qualifications Framework (see the diagram on the first page), which is entry level to HE study. Even if your particular course does not allow entry to your chosen course, it is almost always possible to gain entry through an access course, specially designed to give you the skills needed to gain entry to HE study. You don't need any qualifications to join an access course, but you will leave with the skills and ability to study at Higher Education level.

We can also sometimes help if you have relevant professional experience in place of formal qualifications. Using our Recognition of Prior Learning (RPL) process, you can sometimes have informal learning graded to allow entry to courses in place of traditional entrance qualifications.

Is it relevant?

Many UHI courses are direct progression routes from college courses and offer relevant subject matter at a more advanced level. There are many Higher National Certificates (HNC) and Diplomas (HND) offered. These are higher education courses that are vocationally relevant to a wide range of careers. On completion it is often possible to move into degree study at UHI.

Degrees are what universities are most well known for. They offer you the opportunity to study a subject that is of interest to you, while gaining transferable skills that are highly regarded by employers – regardless of the subject you study. Honours degrees are not just an extra year. You can develop research and other skills and open up even more opportunities that are only available with such degrees.

Why study at higher education level?

HE study is not just about education, higher national courses and degrees. Taking part in higher education is an exciting opportunity to meet new people and study something you enjoy. Higher education is sometimes necessary for certain careers and if you wish to pursue post graduate study. In many other careers it can greatly increase your opportunities.



What is HE level education all about?

UHI is a partnership of colleges where you will find students studying side by side on both Further Education (e.g. NC, NQ, PDA) and Higher Education (e.g. HNC, HND, Degree, PhD) courses. It is possible to move from college to HE study without ever leaving the building!

HE level study requires a more independent style of learning. Rather than set classes each day, you might have a lecture for an hour followed by an afternoon in the library or a computer suite working under your own direction, and motivation. As with college, students take part because they want to, and because they have a real interest in the subject.

What could I study?

There are so many exciting options and the list is almost endless. As well as some of the more traditional HE subjects there are some unique options at UHI such as aircraft engineering, marine science or music performance. Some of the UHI subject areas on offer include:

Construction, Engineering, Computing, Forestry, History, Culture Studies, Sustainable Development, Tourism, Cookery, Hospitality, Fitness & Health, Sport, Administration, Business and Management, Accounting, Music, Equine Studies, Information Technology, Nautical Science, Gaelic, Golf Management, Applied Sciences, Marine Science, Aircraft Engineering, Complementary Therapies, Fine Art, Theology, Child & Youth Studies, Social Sciences, Literature, Politics, Psychology, Oral Health Science, Classical Ballet & Dance Performance, and Drama.

What is university life like?

Even if you stay within UHI, higher education study is different. You have more control over what you study, and when and where. It's up to you to make the most of your time and get the best from your course. Prior to classes you will do your own preparation in terms of the required reading. There will be opportunities to try new things and meet new people.

Higher Education can be a challenge when you are new to this level of learning. Writing essays and referencing often feature in the challenges reported by those progressing to HE. However, there is plenty of advice and help available to assist you in learning these new skills.

University is not all work and no play. An important part of the experience is meeting new people along the way. Don't worry about not fitting in; many different people take part in higher education. A good way to meet new students is to join, or start a club or society. The UHI student association, UHISA, will help you with this, and can even provide funds to help you get started or to take part in activities you have planned.

How do I get in and prepare?

If you would like to take up a course, visit the UHI website www.uhi.ac.uk to find out what is available and where you can take the course. It is worth asking if it would be possible to take your course at your chosen college or learning centre, even if it is not specifically listed. Guidance staff and course leaders are able to advise on admissions requirements. You might also like to sign up for Access to Degree Studies, which will help you prepare academically.

Find out more

If you would like to know more about progression at UHI, your course leader will be happy to advise you. Guidance staff and student advisers can also be a good source of information. And, don't forget the Careers Centre (www.ccwa.uhi.ac.uk). As well as careers advisers, careers coaches are able to offer you coaching sessions to help you think about your future and how you might achieve your goals.


Example progression routes

There are countless opportunities to progress at the University of the Highlands and Islands. “The below illustrations are just a few examples to show how the flexibility of the UHI course structure allows you to advance across your chosen subject area. For full details of courses and progression options, visit our website or browse our online prospectus at: www.uhi.ac.uk


Aircraft Engineering




Childcare




Theology



Literature



Marine Science



Useful contacts and addresses

University of the Highlands and Islands

Executive Office, Ness Walk,
Inverness, IV3 5SQ
T: 01463 279000
F: 01463 279001
E: info@uhi.ac.uk
www.uhi.ac.uk
Information line: 0845 272 3600
International: +44 (0)1463 732551

Argyll College UHI

West Bay, Dunoon, Argyll, PA23 7 HP
T: 0845 230 9969
F: 01369 707185
E: info@argyllcollege.ac.uk
www.argyllcollege.uhi.ac.uk

Highland Theological College UHI

High Street, Dingwall, IV15 9HA
T: 01349 780000
F: 01349 780001
E: htc@htc.uhi.ac.uk
www.htc.uhi.ac.uk

Inverness College UHI

Longman Campus, 3 Longman Road,
Longman South, Inverness, IV1 1SA
T: 01463 273000
F: 01463 711977
E: info@inverness.uhi.ac.uk
www.inverness.uhi.ac.uk

Lews Castle College UHI

Stornoway, Isle of Lewis, HS2 0XR
T: 01851 770000
F: 01851 770001
E: enquiries@lews.uhi.ac.uk
www.lews.uhi.ac.uk

Moray College UHI

Moray Street, Elgin, IV30 1JJ
T: 01343 576000
F: 01343 576001
E: mc.registry@moray.uhi.ac.uk
www.moray.ac.uk

NAFC Marine Centre UHI

Port Arthur, Scalloway, Shetland, ZE1 0UN
T: 01595 772000
F: 01595 772001
E: info@nafc.uhi.ac.uk
www.nafc.ac.uk

North Highland College UHI

Ormlie Road, Thurso, Caithness,
KW14 7EE
T: 01847 889000
F: 01847 889001
E: info@northhighland.ac.uk
www.northhighland.ac.uk

Orkney College UHI

East Road, Kirkwall, Orkney, KW15 1LX
T: 01856 569000
F: 01856 569001
E: enquiries@orkney.uhi.ac.uk
www.orkney.uhi.ac.uk

Perth College UHI

Crieff Road, Perth, PH1 2NX
T: 0845 270 1177
F: 01738 877001
E: pc.enquiries@perth.uhi.ac.uk
www.perth.uhi.ac.uk

Sabhal Mòr Ostaig UHI

Teangue, Sleat, Isle of Skye, IV44 8RQ
T: 01471 888000
F: 01471 888001
E: trusadh@smo.uhi.ac.uk
www.smo.uhi.ac.uk

Scottish Association for Marine Science UHI

Scottish Marine Institute,
Oban, Argyll, PA37 1QA
T: 01631 559000
F: 01631 559001
E: info@sams.ac.uk
www.sams.ac.uk

Shetland College UHI

Gremista, Lerwick, Shetland, ZE1 0PX
T: 01595 771000
F: 01595 771001
E: shetland.college@shetland.uhi.ac.uk
www.shetland.uhi.ac.uk

West Highland College UHI

Carmichael Way,
Fort William, PH33 6FF
T: 01397 874000
F: 01397 874001
E: info@whc.uhi.ac.uk
www.whc.uhi.ac.uk



ADHARTAS A DHÈANAMH BHON CHOLAISTE DON OILTHIGH


A bheil thu ag ionnsachadh aig a' cholaiste?

An do bheachdaich thu a-riamh air dol don oilthigh?

**Faigh a-mach mar as urrainn dhut dol bhon cholaiste don
oilthigh le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.**

IONNSACHADH FAD-BEATHA AGUS ADHARTAS AIG UHI

Tha e furasta a bhith a' togail air na rinn thu mar-thà le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI). Tha na cùrsaichean againn co-cheangailte ri chèile gus leigeil leat a bhith a' cur ris na teisteanasan agad mar a thèid thu air adhart:



Adhartas a dhèanamh bhon cholaiste don oilthigh: a' togail air an t-soirbheas a bh' agad cheana

Bidh tòrr oileanaich aig UHI a' tòiseachadh le cùrsa goirid aig aon de na colaistean againn. Faodaidh nach robh mòran claonaidh annad ri gnothaichean 'acadaimigeach' nuair a bha thu san sgoil agus faodaidh nach eil teisteanas sam bith eile agad, ach chan eil sin a' ciallachadh nach eil ionnsachadh àrd-fhoghlam an oilthigh (HE) freagarrach dhut. Tha tòrr shlighean sùbailte ann airson inntrigeadh, agus tha taic ionnsachaidh ri faotainn gus na sgilean agus na goireasan a bhios a dhith ort a thoirt dhut.

Ge bi dè an ìre aig a bheil thu no an cùrsa a tha thu a' dèanamh an-dràsta, bidh slighe adhartais ann dhan fharsaingeachd de chùrsaichean brosnachail aig UHI. Agus ma tha thu a' dèanamh HNC no HND, tha thu nad oileanach UHI mar-thà, is thu ag ionnsachadh aig ìre àrd-fhoghlaim. Is e ceumannan an t-slighe adhartais nàdarra às dèidh HN, carson nach lean thu ort dhan ath ìre?

A bheil àrd-fhoghlam freagarrach dhomhsa?

Bidh tòrr dhaoine den bheachd mhearachdach nach eil an t-oilthigh freagarrach dhais. Ma tha thu ag ionnsachadh air cùrsa sam bith, cha mhòr, aig colaiste chom-pàirteach ann an UHI an-dràsta, bidh tu nas deasaichte airson ionnsachadh HE na bhios tu an dùil.

Tha tòrr chùrsaichean colaisteach air an rangachadh aig ìre a sia air Frèama Creideis is Theisteanas na h-Alba (faic an dealbh air a' chiad dhuilleig), ìre inntrigidh do dh'ionnsachadh HE. Ged nach bi an cùrsa a tha thu a' dèanamh a' leigeil leat adhartas a dhèanamh dhan chùrsa a tha thu ag iarraidh, mar as trice bidh e comasach faighinn a-steach tro chùrsa inntrigidh, air a dhealbhadh

a dh'aona ghnòthach gus na sgilean air a bheil feum agad airson ionnsachadh HE a thoirt dhut. Chan fheum teisteanas sam bith a bhith agad gus tòiseachadh air cùrsa inntrigidh, ach falbhaidh tu leis na sgilean agus an comas a bhith ag ionnsachadh aig ìre àrd-fhoghlaim.

Cuideachd, 's urrainn dhuinn cuideachadh uaireannan ma tha eòlas proifeiseanta iomchaidh agad seach teisteanasan foirmeil. Uaireannan, tron phròiseas againn airson Cunntas a ghabhail air Ionnsachadh a Rinneadh Cheana (RPL) gabhaidh ionnsachadh neo-fhoirmeil rangachadh gus leigeil leat faighinn a-steach do chùrsaichean, seach toimhsean inntrigidh traidiseanta.

Dè am feum a nì e dhomh?

Tha tòrr chùrsaichean UHI nan slighean adhartais dìreach bho chùrsaichean colaisteach agus bidh iad a' tabhann susbaint bhoitealach aig ìre nas adhartache. Tha tòrr Àrd Theisteanasan Nàiseanta (HNC) agus Dioplòmannan (HND) gan tabhann. Is e cùrsaichean àrd-fhoghlaim dreuchdail a tha seo a tha bhoitealach do fharsaingeachd de dhreuchdan. Às dèidh dhut crìoch a chur orra, tha e gu tric comasach dol air adhart a bhith ag ionnsachadh airson ceum aig UHI.

'S ann airson ceumannan a tha oilthighean aithnichte. Bidh iad a' tabhann dhut cothrom cuspair a tha inntinneach dhut fhèin a dhèanamh, fhad 's a bhios tu a' faighinn sgilean as urrainn dhut cur ri iomadh gnìomh, air a bheil fastaichean a' cur luach mòr - ge bi dè an cuspair a bhios tu a' dèanamh. Chan e a-mhàin bliadhna a bharrachd a th'ann an ceumannan urrainn. 'S urrainn dhut sgilean rannsachaidh agus eile a thogail agus cothroman fhaighinn nach fhaigheadh tu ach le ceumannan den t-seòrsa.



Carson a dh'ionnsachadh tu aig ìre àrd-fhoghlaim?

Chan ann mu dheidhinn foghlam, àrd chùrsaichean nàiseanta no ceumannan a-mhàin a tha ionnsachadh HE. Is e cothrom air leth a th'ann an àrd-fhoghlam a bhith a' coinneachadh ri daoine ùra agus ag ionnsachadh rudeigin a bhios a' còrdadh riut. Tha àrd-fhoghlam riatanach airson cuid de dhreuchdan agus ma tha thu airson ionnsachadh for-cheum a ghabhail os làimh. Ann an tòrr dhreuchdan eile is urrainn dha cur ris na cothroman agad.

Dè th'ann an ionnsachadh aig ìre HE?

Is e a th'ann an UHI com-pàirteachas de cholaistean far am faigh thu oileanaich ag ionnsachadh cuide ri chèile air an dà chuid cùrsaichean Foghlam Adhartach (m.e. NC, NQ, PDA) agus Àrd-fhoghlam (m.e. HNC, HND, Ceum, PhD). Tha e comasach dol bhon cholaiste gu ionnsachadh HE gun a bhith a' fàgail na togalaich!

Ann an HE, feumaidh tu ionnsachadh ann an dòigh nas neo-eisimeiliche. Seach clasaichean stèidhte gach latha, faodaidh òraid a bhith agad sa chiad uair, agus an uair sin feasgar anns an leabharlann no ann an seòmar choimpiutairean, gad stiùireadh agus gad bhrosnachadh fhèin. Mar a tha e aig a' cholaiste, bidh oileanaich ga dhèanamh a chionn 's gu bheil iad ag iarraidh a dhèanamh, agus a chionn 's gu bheil fìor ùidh aca anns a' chuspair.

Dè a b'urrainn dhomh ionnsachadh?

Tha iomadh roghainn ann. A bharrachd air na cuspairean traidiseanta HE tha roghainnean sònraichte aig UHI leithid innleadaireachd itealain, saidheans mara no taisbeanadh ciùil. Is iad seo cuid de na cuspairean aig UHI:

Togail, Innleadaireachd, Coimpiutaireachd, Coilltearachd, Eachdraidh, Eòlas Cultair, Leasachadh Seamhach, Turasachd, Còcaireachd, Aoiigeachd, Fallaineachd & Slàinte, Rianachd, Gnothachas agus Stiùireadh, Cunntasachd, Ceòl, Eòlas Eich, Teicneòlas Fiosrachaidh, Saidheans Seòladaireach, Gàidhlig, Stiùireadh Goilf, Saidheansan Gnìomhaichte, Saidheans Mara, Innleadaireachd Itealain, Leigheas Co-phàirteach, Ealain Fhìnealta, Diadhachd, Eòlas Chloinne agus Òigridh, Saidheansan Sòisealta, Litreachas, Poilitigs, Eòlas-inntinn, Saidheans Slàinte Bheòil, Ballet Clasaigeach & Taisbeanadh Dannsa, agus Dràma.

Co ris a tha saoghal an oilthigh coltach?

Ged a bhios tu a' cumail ort le UHI fhèin, 's e rud eadar-dhealaichte a th'ann an ionnsachadh aig ìre àrd-fhoghlaim. Tha barrachd smachd agad air na bhios tu ag ionnsachadh, agus cuine agus càite. Tha e an urra riut fhèin am feum as fheàrr a dhèanamh den ùine agad agus den chùrsa agad. Nì thu an deasachadh agad fhèin a thaobh an leughaidh riatanaich ro chlasaichean. Bidh cothroman ann rudan ùra fheuchainn agus coinneachadh ri daoine ùra.

Faodaidh àrd-fhoghlam a bhith dùbhlannach nuair a bhios tu air ùr thòiseachadh aig an ìre ionnsachaidh sin. Tha a bhith a' sgrìobhadh aistean agus a' toirt iomradh air tobraichean fiosrachaidh gu tric am measg nan dùbhlann

a dh'ainmicheas an fheadhainn a thèid air aghaidh do HE. Ach, tha comhairle agus cuideachadh ri fhaotainn gus do chuideachadh a bhith ag ionnsachadh nan sgilean ùra seo.

Ach chan e obair a-mhàin a bhios a' dol san oilthigh. Is e pàirt chudromach de bheatha an oilthigh coinneachadh ri daoine ùr. Na bi fo iomagain nach tèid agad air a bhith nad phàirt de ghnothaichean; bidh tòrr dhaoine eadar-dhealaichte a' gabhail pàirt ann an àrd-fhoghlam. Coinnichidh tu ri oileanaich ùra le bhith a' gabhail ann an club no comann, no a' cur fear ùr air dòigh. Cuidichidh comann oileanaich UHI, UHISA, le seo, agus 's urrainn dha maoin a thoirt dhut gus do chuideachadh a bhith a' tòiseachadh neo gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan a chuireas tu air dòigh.

Ciamar a gheibh mi àite is ciamar a dheasaicheas mi?

Nam bu toigh leat tòiseachadh air cùrsa, tadhail air làrach-lìn UHI www.uhi.ac.uk gus faighinn a-mach na tha ri fhaotainn agus càite an urrainn dhut an cùrsa a dhèanamh. 'S fhiach e faighneachd am biodh e comasach an cùrsa agad a dhèanamh aig colaiste no ionad ionnsachaidh a thaghas tu, ged nach bi e air an liosta fhèin. 'S urrainn do luchd-obrach comhairleachaidh agus stiùirichean chùrsaichean comhairle a thoirt seachad air toimhsean inntrigidh. Faodaidh gum bu toigh leat cuideachd d' ainm a chur sìos airson Inntrigeadh do dh'ionnsachadh aig Ìre Cheuma, a chuidicheas thu a bhith a' deasachadh gu h-acadaimigeach.

Faigh tuilleadh fiosrachaidh

Nam bu toigh leat tuilleadh fiosrachaidh mu adhartas a dhèanamh aig UHI bidh stiùiriche do chùrsa toilichte comhairle a thoirt dhut. Faodaidh luchd-obrach comhairleachaidh agus comhairlichean oileanach fiosrachadh a thoirt dhut cuideachd. Agus, na dìochuimhnich an t-Ionad Dhreuchdan (www.ccwa.uhi.ac.uk). A bharrachd air comhairlichean dhreuchdan, 's urrainn do dh'oidean dhreuchdan seiseanan oideachaidh. a thabhann dhut gus do chuideachadh a bhith a' smaoineachadh mun àm ri teachd agus mar as urrainn dhut na h-amasan agad a thoirt gu buil.


Eisimpleirean de shlighean adhartais

Tha cothroman gun àireamh ann adhartas a dhèanamh aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Chan eil an seo ach beagan eisimpleirean gus sealltainn mar as urrainn dhut adhartas a dhèanamh tron structar chùrsaichean sùbailte aig UHI san chuspair a thagh thu fhèin. Airson fiosrachadh iomlan mu chùrsaichean agus roghainnean adhartais, tadhail air an làraich-lìn no rannaich an leabhran-iùil air-loidhne aig: www.uhi.ac.uk


Innleadaireachd Itealain




Cùram-chloinne




Diadhachd



Litreachas



Saidheans Mara



Luchd-conaltraidh agus seòlaidhean feumail

Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Oifis Stiùiridh, Slighe Nis,
Inbhir Nis, IV3 5SQ
Fn: 01463 279000
Fs: 01463 279001
Pd: info@uhi.ac.uk
www.uhi.ac.uk
Loidhne fhiosrachaidh: 0845 272 3600
Eadar-nàiseanta: +44 (0)1463 732551

Colaiste Earra-Ghàidheil UHI

Bàgh an Iar, Dùn Omhainn, Earra-Ghàidheil, PA23 7HP
Fn: 0845 230 9969
Fs: 01369 707185
Pd: info@argyllcollege.ac.uk
www.argyllcollege.uhi.ac.uk

Colaiste Dhiadhachd na Gàidhealtachd UHI

Àrd-shràid, Inbhir Pheofharain, IV15 9HA
Fn: 01349 780000
Fs: 01349 780001
Pd: htc@htc.uhi.ac.uk
www.htc.uhi.ac.uk

Colaiste Inbhir Nis UHI

Àrainn an Longman, 3 Rathad Longman
Longman a Deas, Inbhir Nis, IV1 1SA
Fn: 01463 273000
Fs: 01463 711977
Pd: info@inverness.uhi.ac.uk
www.inverness.uhi.ac.uk

Colaiste a' Chaisteil UHI

Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS2 0XR
Fn: 01851 770000
Fs: 01851 770001
Pd: enquiries@lews.uhi.ac.uk
www.lews.uhi.ac.uk

Colaiste Mhoireibh UHI

Sràid Mhoireibh, Eilginn, IV30 1JJ
Fn: 01343 576000
Fs: 01343 576001
Pd: mc.registry@moray.uhi.ac.uk
www.moray.ac.uk

Ionad Mara NAFC UHI

Port Artair, Sgalabhagh, Sealtainn, ZE1 0UN
Fn: 01595 772000
Fs: 01595 772001
Pd: info@nafc.uhi.ac.uk
www.nafc.ac.uk

Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath UHI

Rathad Ormlie, Inbhir Theòrsa, Gallaidh,
KW14 7EE
Fn: 01847 889000
Fs: 01847 889001
Pd: info@northhighland.ac.uk
www.northhighland.ac.uk

Colaiste Arcaibh UHI

Rathad an Ear, Baile na h-Eaglais, Arcaibh, KW15 1LX
Fn: 01856 569000
Fs: 01856 569001
Pd: enquiries@orkney.uhi.ac.uk
www.orkney.uhi.ac.uk

Colaiste Pheairt UHI

Rathad Chraoibh, Peairt PH1 2NX
Fn: 0845 270 1177
Fs: 01738 877001
Pd: pc.enquiries@perth.uhi.ac.uk
www.perth.uhi.ac.uk

Sabhal Mòr Ostaig UHI

An Teanga, Slèite,
An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ
Fn: 01471 888000
Fs: 01471 888001
Pd: trusadh@smo.uhi.ac.uk
www.smo.uhi.ac.uk

Comann Saidheans Mara na h-Alba UHI

Institiud Mara na h-Alba,
An t-Òban, Earra-Ghàidheil, PA37 1QA
Fn: 01631 559000
Fs: 01631 559001
Pd: info@sams.ac.uk
www.sams.ac.uk

Colaiste Shealtainn UHI

Gremista, Lerwick, Sealtainn, ZE1 0PX
Fn: 01595 771000
Fs: 01595 771001
Pd: shetland.college@shetland.uhi.ac.uk
www.shetland.uhi.ac.uk

Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI

Slighe MhicIlleMhicheil,
An Gearastan, PH33 6FF
Fn: 01397 874000
Fs: 01397 874001
Pd: info@whc.uhi.ac.uk
www.whc.uhi.ac.uk